N5

Teisteanais
Nàiseanta
2026

X871/75/11 Cruinn-eòlas

DIARDAOIN, 23 GIBLEAN
1:00 F – 3:40 F

Comharran gu lèir — 80

ROINN 1 — ÀRAINNEACHDAN FIOSAIGEACH — 30 comharran

Feuch **AN DARA CUID** Ceist 1 **NO** Ceist 2

AN UAIR SIN feuch Ceistean 3 gu 7.

ROINN 2 — ÀRAINNEACHDAN DAONNA — 30 comharran

Feuch na ceistean UILE.

ROINN 3 — CÙISEAN CRUINNEIL — 20 comharran

Feuch a **DHÀ** sam bith de na leanas.

Ceist 12 — Atharrachaidhean gnàth-shìde

Ceist 13 — Raointean nàdarra

Ceist 14 — Gàbhaidhean àrainneachdail

Ceist 15 — Malairt agus cruinnealas

Ceist 16 — Turasachd

Ceist 17 — Slàinte

Thèid creideas a thoirt dhut airson mapaichean agus diagraman air a bheil ainmean iomchaidh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean, feumaidh tu àireamh na ceist a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Feumaidh tu leabhran nam freagairtean agad fhàgail air an deasg agad; mura fàg, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.

Teisteanasan Alba
Qualifications Scotland

X8717511

© Teisteanasan Alba 2026

ROINN 1 — ÀRAINNEACHDAN FIOSAIGEACH — 30 comharran

Feuch AN DARA CUID Ceist 1 NO Ceist 2

AN UAIR SIN Ceistean 3 gu 7

Ceist 1 — Dealbhan-tìre eighichte/dealbhan-tìre costail

(a) Dèan sgrùdadh air a' mhap Suirbhidh Òrdanais (Nì A) de sgìre Loch Lòchaidh.

Maids na feartan àrd-thalaimh eighichte seo ris na comharraidhean-clèithe cearta.

Feartan: **coire** **binnean pioramaideach** **gleann air chumadh U**

Tagh bho chomharraidhean-clèithe: **211922** **305917** **335929** **222916** **3**

(b) **Mìnich** mar a tha **aon** de na feartan eigheadail air an liostadh ann am pàirt (a) air an cruthachadh. **5**

Faodaidh tu diagram(an) a chleachdadh nad fhreagairt.

A-nis feuch Ceistean 3 gu 7

Na feuch air Ceist 2 ma tha thu a-cheana air Ceist 1 a fhreagairt

Ceist 2 — Aibhnichean agus glinn/dealbhan-tìre àrd-thalamh cloich-aoil

(a) Dèan sgrùdadh air a' mhap Suirbhidh Òrdanais (Nì A) de sgìre Loch Lòchaidh.

Maids na feartan deilbh-tìre aibhne seo ris na comharraidhean-clèithe cearta.

Feartan: **lùb-aibhne** **eas** **gleann air chumadh V**

Tagh bho chomharraidhean-clèithe: **298918** **268974** **315893** **325943** **3**

(b) **Mìnich** mar a tha **aon** de na feartan aibhne air an liostadh ann am pàirt (a) air an cruthachadh. **5**

Faodaidh tu diagram(an) a chleachdadh nad fhreagairt.

A-nis feuch Ceistean 3 gu 7


[Tionndaidh an duilleag

Ceist 3

Diagram C3A Suidheachadh an tar-dheilbh



Diagram C3B Tar-dhealbh à GR 260990 gu GR 320990



Dèan sgrùdadh air Diagraman C3A is C3B agus air a' mhap Suirbhidh Òrdanais (Nì A) de sgìre Loch Lòchaidh.


Maids na litrichean A, B agus C leis na feartan cearta.

Tagh bho na feartan a leanas:

loidhne tar-chur an dealain **làrach cuirme-cnuic** **coille chònach** **Loch Obhaich** **3**

Ceist 4

Diagram C4 Aithris bho neach a tha a' fuireach san sgìre



Dèan sgrùdadh air Diagram C4 agus air a' mhap Suirbhidh Òrdanais (Nì A) de sgìre Loch Lòchaidh.


Airson **dà** chleachdadh-fearainn a tha thu air a sgrùdadh, **thoirt cunntas** air buannachdan an sgìre seo airson nan cleachdaidhean-fearainn a thagh thu.

Feumaidh tu fianais bhon mhap a chleachdadh nad fhreagairt. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 5

Diagram C5 Cleachdaidhean-fearainn taghte




Thoir sùil air Diagram C5.

Tagh **aon** seòrsa de dhealbh-tìre bho Dhiagram C5.

Airson sgìre ainmichte a tha thu air a sgrùdadh, **mìnich** dòighean sam faodar dèiligeadh ri còmhstrithean cleachdadh-fearainn. **4**

Ceist 6

Diagram C6 Teòthachdan cuibheasach a' gheamhraidh san RA



Thoir sùil air Diagram C6.


Mìnich na factaran a dh'fhaodas buaidh a thoirt air teòthachd cuibheasach na RA air feadh na bliadhna.

Faodaidh tu iomradh a thoirt air factaran leithid domhan-leud, tìr-chruth, sealladh-aghaidh agus astar bhon mhuir nad fhreagairt. **4**

[Tionndaidh an duilleag


Ceist 7

Diagram C7A Cairt sionoptaig airson 12 meadhan-latha air 17 Lùnastal 2023



Ceist 7 (a' leantainn)

Diagram C7B Cearcallan stèisean-sìde airson Inbhir Nis agus Madrid



Dèan sgrùdadh air Diagraman C7A agus C7B.

Mìnich suidheachadh na sìde ann an Inbhir Nis agus ann am Madrid. **5**

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 2 — ÀRAINNEACHDAN DAONNA — 30 comharran

Feuch na ceistean UILE

Ceist 8

Diagram C8A Map-sgeidse de sgìre Durham



Clàr-samhla

camara

ceàrnaidh thogalaichte

Dèan sgrùdadh air Diagram C8A agus air a' mhap Suirbhidh Òrdanais (Nì B) de sgìre Durham.

(a) **Thoir seachad fianais-mhapa** a tha a' sealltainn gu bheil sgìre A (2742) na phàirt de phrìomh sgìre-gnothachais (PSG) Durham. **3**

(b) Thathar a' moladh gun tèid taighean ùra a thogail ann an sgìre B (3042).

A' cleachdadh fianais-mhapa, **mìnich** carson a tha an sgìre seo freagarrach do thaigheadas ùr. **6**

Ceist 8 (a' leantainn)

Diagram C8B Dealbh-camara adharail air a thogail os cionn Comharra-clèithe 273415 a' coimhead ris an àird a Tuath



Dèan sgrùdadh air Diagraman C8A is C8B agus air a' mhap Suirbhidh Òrdanais (Nì B) de sgìre Durham.

(c) Ainmich na feartan A, B, C agus D. **3**

Tagh bhon liosta a gheibhear gu h-ìosal:

- stèisean-rèile
- cathair-eaglais
- sgoil
- Abhainn Wear.

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 9

Diagram C9 Baile-a-staigh Ghlaschu



Thoir sùil air Diagram C9.

Airson Glaschu, no mòr-bhaile sam bith eile san t-saoghal leasaichte a tha thu air a sgrùdadh, **thoir cunntas** air na prìomh atharrachaidhean a tha air tachairt sa bhaile-a-staigh thairis air na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh. **6**

Ceist 10

Diagram C10 Factaran fiosaigeach is daonna taghte a tha a' toirt buaidh air sgaoileadh-sluaigh



Thoir sùil air Diagram C10.

Mìnich na factaran fiosaigeach **agus** daonna a tha a' toirt buaidh air sgaoileadh-sluaigh an t-saoghail. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 11

Diagram C11 Atharrachaidhean ann an tuathanachas ann an dùthchannan fo leasachadh



teicneòlas ùr sìl gine-leasaichte (GM) bith-chonnaidhean

Dèan sgrùdadh air Diagram C11.

Tagh **dà** atharrachadh bhon diagram.

Airson an **dà** atharrachadh a thagh thu, **mìnich** a' bhuaidh a tha air a bhith aig atharrachaidhean ann an tuathanachas a tha air tachairt o chionn ghoirid ann an dùthchannan **fo leasachadh.** **6**


ROINN 3 — CÙISEAN CRUINNEIL — 20 comharran
Feuch DÀ cheist sam bith

Ceist 12 — Atharrachaidhean gnàth-shìde *duilleagan 16–17*
Ceist 13 — Raointean nàdarra *duilleagan 18–19*
Ceist 14 — Gàbhaidhean àrainneachdail *duilleagan 20–21*
Ceist 15 — Malairt agus cruinnealas *duilleagan 22–23*
Ceist 16 — Turasachd *duilleagan 24–25*
Ceist 17 — Slàinte *duilleagan 26–27*

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 12 — Atharrachaidhean gnàth-shìde

Diagram C12A Toradh lùth na gaoithe san RA, 2013–2023



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C12A gu h-àrd.

Thoir cunntas mionaideach air na h-atharrachaidhean ann an toradh lùth na gaoithe san RA eadar 2013 agus 2023. **4**

Ceist 12 (a' leantainn)

Diagram C12B Às-earrann bho Bhuidheann Sìde an t-Saoghail

'Tha a h-uile gin de na 10 bliadhnaichean as blàithe a thathar air a chlàradh airson an t-saoghail air tachairt bhon bhliadhna 2000'


(b) Thoir sùil air Diagram C12B.

Mìnich na buaidhean a tha a' tighinn à atharrachaidhean na gnàth-shìde. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 13 — Raointean nàdarra

Diagram C13A Dì-choillteachadh san Amason Bhrasilianach bho 2012 gu 2022



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C13A.

Thoir cunntas mionaideach air na h-atharrachaidhean ann an dì-choillteachadh eadar 2012 agus 2022. **4**

Ceist 13 (a' leantainn)

Diagram C13B Milleadh coille-uisge san Amason




(b) Thoir sùil air Diagram C13B.

Mìnich buaidhean milleadh na coille-uisge air daoine **agus** air an àrainneachd. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 14 — Gàbhaidhean àrainneachdail

Diagram C14A Àireamh de stoirmean tropaigeach Atlantaigeach bho 2013 gu 2024



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C14A.

Thoir cunntas mionaideach air na h-atharrachaidhean san àireamh de stoirmean tropaigeach Atlantaigeach bho 2013 gu 2024. **4**

Ceist 14 (a' leantainn)

Diagram C14B Huracan Otis a' bualadh Acapulco, Meagsago ann an 2023




(b) Thoir sùil air Diagram C14B.

Airson stoirm thropaigeach ainmichte a tha thu air a sgrùdadh, **mìnich** a' bhuaidh a bha aice air daoine **agus** air an dealbh-tìre. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 15 — Malairt agus cruinnealas

Diagram C15A Inbhe Aontaidhean Malairt an Aonaidh Eòrpaich 2023



Clàr-samhla

aonta stèidhichte mu thràth

aonta air a tòiseachadh

ga deasbad

aonta air a cur an dàil

gun aonta

* Tha dùthchannan an Aonaidh Eòrpaich neo-dhathte

(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C15A.

Thoir cunntas mionaideach air inbhe nan Aontaidhean Malairt aig an Aonadh Eòrpach ann an 2023. **4**

Ceist 15 (a' leantainn)

Diagram C15B Malairt chothromach



(b) Thoir sùil air Diagram C15B.

Mìnich dòighean sam faod malairt chothromach piseach a thoirt air beatha dhaoine ann an dùthchannan fo leasachadh. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 16 — Turasachd

Diagram C16A Àireamh de luchd-siubhail itealain 2020



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C16A.

Thoir cunntas mionaideach air an àireamh de luchd-siubhail itealain ann an 2020. **4**

Ceist 16 (a' leantainn)

Diagram C16B Mòr-thurasachd ann am Barcelona, an Spàinn




(b) Thoir sùil air Diagram C16B.

A' beachdachadh air sgìre(an) a tha thu air a sgrùdadh, **mìnich** na buaidhean a thig bho mhòr-thurasachd air daoine **agus** air an àrainneachd. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 17 — Slàinte

Diagram C17A Cùisean cruinneil den bhuinnich-mhòir (cholera) (2010–2023)



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C17A.

Thoir cunntas mionaideach air na h-atharrachaidhean san àireamh de chùisean den bhuinnich-mhòir (cholera) eadar 2010 agus 2023. **4**

Ceist 17 (a' leantainn)

Diagram C17B Rabhadh mun bhuinnich-mhòir (cholera) ann an Ceinia



(b) Thoir sùil air Diagram C17B.

Airson na buinniche-mòire (cholera), no galar sam bith eile a fhuaras san t-saoghal fo leasachadh a tha thu air a sgrùdadh, **mìnich** na buaidhean air daoine **agus** air na dùthchannan air an tugadh buaidh. **6**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

Aithneachadh air Còir-lethbhreac

Ceist 8 (c)	Image of Durham is taken from https://www.geocaching.com/geocache/GC7G0V2_a-meander-around-durham. **Qualifications Scotland has made every effort to trace the owners of copyright of this item and seek permissions. We are happy to discuss permission requirements and incorporate any missing acknowledgement. Please contact question.papers@qualifications.gov.scot.**
Ceist 9	Image is taken from https://www.urbanrealm.com/images/news/news_10516.jpg. **Qualifications Scotland has made every effort to trace the owners of copyright of this item and seek permissions. We are happy to discuss permission requirements and incorporate any missing acknowledgement. Please contact question.papers@qualifications.gov.scot.**
Ceist 10	Beanntan: iamnong/shutterstock.com Fàsach: khalidkhan1213123/shutterstock.com Rathaidean: Sven Hansche/shutterstock.com Bùithtean: photocritical/shutterstock.com Cruinne: BNP Design Studio/shutterstock.com
Ceist 11	Tractar: bsd studio/shutterstock.com
Ceist 13 (b)	juerginho/shutterstock.com
Ceist 14 (b)	Jessica Rodriguez Leon/shutterstock.com
Ceist 15 (b)	PiximCreator/shutterstock.com
Ceist 16 (b)	guss.95/shutterstock
Ceist 17 (b)	Hi clicker/shutterstock.com